

2 An Cèitean 2023

A phàrant/neach-cùraim chòir,

Sa Ghearran 2023, thadhail sgioba de luchd-sgrùdaidh Foghlam Alba air Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chille Mhoire. Rè ar cuairte, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann. Dh'obraich sinn gu dlùth ris a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba-sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Modhan-obrach èifeachdach a thaobh àrach agus sunnd thar Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chille Mhoire. Tha a' chlann toilichte agus suidhichte san sgoil-àraich agus san sgoil. Tha iad a' fiosrachadh chàirdeasan deimhinneach le inbhich agus le clann eile.
- Modhan-obrach a thaobh làn bhogadh san sgoil-àraich agus sa chlas tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha a' chlann a' nochdadh ìrean àrda de mhisneachd agus de fhileantas rè an ama aca sa chlas agus ann an suidheachaidhean sòisealta.
- Obair-sgioba a tha làidir san sgoil-àraich. Tha an ceannard agus luchd-obrach nan tràth-bhliadhnaichean a' co-obrachadh gu h-èifeachdach gus a bhith a' comharrachadh dè a tha ag obair gu math agus mar a leasaicheas iad cleachdadh. Mar bhuil air seo, tha clann na sgoil-àraich air fad a' faighinn eòlasan-cluiche de dh'àrd-chàileachd agus fileantas sa Ghàidhlig.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus a dheasbad leis a' cheannard agus le riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Mar phrìomhachas, dèanaibh lèirmheas air modhan-obrach airson planadh fad-ùine airson gach raon den churraicealam gus dèanamh cinnteach gum bi a' chlann a' coileanadh adhartas, farsaingeachd agus doimhneachd san ionnsachadh aca.
- Leasaichibh barrachd mhodhan-obrach a thaobh ionnsachadh agus teagasg. Dèanaibh cinnteach gu bheil a' chlann air fad a' faighinn fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh de dh'àrd-chàileachd thar a' churraicealaim.
- Cumaibh oirbh ag àrdachadh coileanadh ann an litearras agus Beurla, àireamhachd agus matamataig agus leughadh agus sgrìobhadh sa Ghàidhlig.
- Dèanaibh tuilleadh leasachaidh air modhan-obrach a thaobh fèin-luachadh gus togail air neartan na sgoile, a' comharrachadh agus a' dèiligeadh ri raointean leasachaidh. Bu chòir don luchd-obrach air fad a bhith a' co-obrachadh gu h-èifeachdach mar sgioba gus obair na sgoile a leasachadh. Bu chòir dhaibh seo a dhèanamh le fòcas làidir air leasachadh bhuilean airson an luchd-ionnsachaidh air fad.

Chruinnich sinn fianais gus am b' urrainn dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile le bhith a' cleachdadh ceithir slatan-tomhais deagh ghnè bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(an 4^{mh} eagra\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?](#). Tha slatan-tomhais deagh-ghnè a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh air dè tha a' dol gu math agus dè a dh'fheumar a leasachadh. An dèidh sgrùdadh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh fiosrachadh air na luachaidhean againn gus cunntas a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean na h-Alba a' dèanamh.

Gheibhear gu h-ìosal na luachaidhean a rinn Foghlam Alba air Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chille Mhoire.

Slatan-tomhais deagh ghnè airson ìrean na bun-sgoile	Luachadh
Ceannardas atharrachaidh	riarachail
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	lag
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	riarachail
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	riarachail
Gheibhear tuairisgeulan air na luachaidhean bho: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (an 4^{mh} eagra) , Pàipear-taic 3: An sgèile sia-puing	

Taisbeanairean càileachd airson na sgoil-àraich	Luachadh
Ceannardas atharrachaidh	math
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	math
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	math
A' daingneachadh adhartas na cloinne	math
Gheibhear tuairisgeulan air na luachaidhean bho: Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne? Pàipear-taic 1: An sgèile sia-puing	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, ris an canar Geàrr-chunntas air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF), ri faotainn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Duilleag nan Aithisgean | Aithisgean Sgrùdaidh – Foghlam Alba](#).

Dè thachras a-nis?

Mar thoradh air toraidhean an sgrùdaidh a rinn sinn, tha sinn den bheachd gu bheil an sgoil feumach air taic a bharrachd agus air barrachd ùine gus na leasachaidhean a tha a dhìth a chur an gnìomh. Bidh sinn a' conaltradh ri Comhairle na Gàidhealtachd a thaobh comas na sgoile a dhol am feabhas. Tillidh sinn gus sgrùdadh a bharrachd a dhèanamh air an sgoil taobh a-staigh aon bhliadhna bho fhoillseachadh na litreach seo. Bidh sinn a' dèanamh còmhraidh ri Comhairle na Gàidhealtachd air na tha an lùib an sgrùdaidh seo. Nuair a thilleas sinn gus sgrùdadh a dhèanamh air an sgoil, sgrìobhaidh sinn thugaibh mar phàrantan/luchd-cùraim gus fios a chur thugaibh air an adhartas a rinn an sgoil.

Marion Carlton
Neach-sgrùdaidh an Rìgh